

Chì Mi Na Mór Bheanna

“Dùil ri Baile a’ Chaolais Fhaicinn (Hoping To See Ballachulish)”



*O chì, chì mi na mòr-bheanna
O chì, chì mi na corr-bheanna
O chì, chì mi na coireachan
Chì mi na sgòran fo cheò*

Chì mi gun dàil an t-àite san d'rugadh mi
Cuirear orm fàilte sa chànain a thuigeas mi
Gheibh mi ann aoigh agus gràdh nuair a ruigeam
Nach reicinn air tunnachan òir

séist ()*

Chì mi an coilltean, chì mi an doireachan
Chì mi an maghan bàna is torraiche
Chì mi na féidh air làr nan coireachan
Falaicht' an trusgan fo cheò

séist

Beanntaichean àrda is àillidh leacainnean
Sluagh an-còmhnaidh còire cleachdainnean
'S aotrom mo cheum a' leum g'am faicinn
O fanaidh mi tacan le deòin

séist

Fàilt air na gorm-mheallaibh, tolmach, thulachnach
Fàilt air na corr-bheannaibh mòra is mulanach
Fàilt air na coilltean, fàilt air na h-uile
O! 's sona bhith fuireach 'nan còir

*O chì, chì mi na mòr-bheanna
O chì, chì mi na corr-bheanna
O chì, chì mi na coireachan
Chì mi na sgòran fo cheò*

- Iain Cameron (1856) -

(*) *chorus*